

nan rìghrean uile a bha ann roimhe, air an aís do ionnsaigh a' cheud rìgh a bha riamh air a chrùnadh an Albainn, agus gun do chuir an seanchaidh an sin crìoch air na bha e ag ràdh le: "Beannachd do rìgh na h-Alba, Alasdair mac Alasdair 'ic Uilleim 'ic Eanruig 'ic Dhaibhidh 'ic Chaluim," agus gu robh an rìgh òg an sin air a leigeil air falbh, luchdaichte le tìodh-lacaibh luachmhora.

(Eachdraidh na h-Alba.)

Is ann an talla mòr Dùn nam Manach a tha a' chluich seo air a reachdachadh.

B'ann mu fhichead mìle air astar bho Dhùn-Eideann, air a shuidheachadh air rudha aonaranach, faisg air a' mhuir, agus os cionn creagan a' chladaich, a bha Dùn nam Manach.

Is ann mu mheadhon darna mìos an Earraich (am Màrt) anns a' bhliadhna dà cheud dheug ceithir fichead 's a sia a tha an t-àm.

Tha am feasgar ann, agus tha dorchadas na h-oidhche a' tuiteam air an Dùn, air an tìr mu a thimcheall, agus air a' mhuir.

Tha na crùisgein air an lasadh anns an talla mhór, agus tha lasair chridheil theine ann cuideachd.

Chan 'eil duine sam bith, an toiseach, anns an talla mhór, ach tha A' CHOISIR a' seinn *Nunc Dimittis* an eaglais an Dùin, ri taobh an talla, agus cluinnear gu soilleir an ceòl.

A' CHOISIR (a' seinn)

A nis, a Thighearna, tha thu a' leigeadh do d'sheirbhiseach siubhal an sìth: a réir t'fhocail.

Oir chunnaic mo shùilean: do shlàinte.

A dh'ullaich thu: roimh ghnùis nan uile shluagh.

Solus a shoillseachadh nan Cinneach: agus glòir do phobuill Israeil.

Glòir do an Athair, agus do an Mhac: agus do an Spiorad Naomh.

Mar a bha air tùs, a tha a nis, agus a bhitheas gu bràth: saoghal gun chrìch.

Amen.

*Cuirear crìoch air an t-seirbhis leis an Aba. Cluinnear gu soilleir guth an Aba, ged nach faicear esan.*

AN T-ABA.—Gun gléidheadh sìth Dhé, a tha os cionn gach uile thuigse, bhur cridheachan agus bhur n-inntinnean an eòlas agus an gràdh Dhé, agus a Mhic Iosa Crìosd ar Tighearna: agus gu robh beannachadh Dhé Uile Chumhachdaich, an Athar, a' Mhic, agus an Spioraid Naomh, 'nur measg, agus gun gabhadh e còmhnaidh maille ribh do ghnàth. Amen.

*Thig an t-Aba agus an Sagart a steach, agus seasaidh iad am meadhon an talla mhóir.*

AN T-ABA—Is e seo an ceathramh Di-Ciadaoin de an Charghas seachad, nach e?

AN SAGART—Le bhur cead, a Ard-Athair, chan e seo an ceathramh, ach an treas.

AN T-ABA—Ciod é?

AN SAGART—Cha chreid mi nach i seo ach an treas seachdain de an Charghas. Nach ann an diugh féin a tha a' cheathramh seachdain de an Charghas a' tòiseachadh?

AN T-ABA—Cuin' a bha an Inid?

AN SAGART—Bha Di-Mairt Inid againn bho chionn trì sheachdainean an dé. Nach robh?

AN T-ABA—A bheil thu cinnteach as?

AN SAGART—Le bhur cead, a Ard-Athair, bha Di-Mairt Inid againn bho chionn trì sheachdainean an dé. Nach 'eil cuimhne agaibhse, le bhur cead, gum b'ann air an latha sin a dh'fhàs an t-each bàna agaibhse crùbach an uair a bha sibh a' marcachd air—a' tighinn dachaigh á Dun-Eideann?

AN T-ABA—Bu mhaith leam a bhith cinnteach as. Ciod é a tha an Seanchaidh ag ràdh? Càit a bheil e?

AN SAGART—Cha chreid mi nach 'eil e fhathast anns an eaglais, a Ard-Athair. Gheibh mi e.

*Théid an Sagart a mach, agus tillidh e air ball leis an t-Seanchaidh.*

AN T-ABA—Tha sibh ann, a Ailein Iain. Cuin a bha Di-Mairt Inid againn? A bheil cuimhne agaibh? . . . Ach ciod e a tha ceàrr, a Ailein Iain? Ciod é a thàinig ort? Car son a tha sibh cho bàna, agus nach 'eil bhur com gu léir a' crith?

AN SEANCHAIDH (*a ghuth fann agus briste*)—Bha mi ri ùrnuigh, le bhur cead, a Ard-Athair. Bha mi shìos air mo ghlùinibh.

AN T-ABA (*a' coimhead gu geur air Ailean Iain*)—Cha mhór nach 'eil sibh air bhur toirt thairis, a Ailein Iain. (*ris an t-Sagart*)

Faigh deoch air a shon, a Chaluim. Bi tapaidh. Deoch fiona no *acqua vitae*.

Greas ort. (*ris an t-Seanchaidh*)

Dèanaibh suidhe, a Ailein Iain, gus am faigh sibh deoch.

*Nì an Seanchaidh suidhe. Théid an Sagart a mach, agus tillidh e air ball le gloine 'na làimh, agus deoch innnte. Bheir an Sagart an deoch do an t-Seanchaidh. Olaidh an Seanchaidh i.*

AN SEANCHAIDH—Tha mi a' faireachdainn na's feàrr, gu robh maith agaibh.

AN T-ABA—Ciod é a thug buaidh oirbh?

AN SEANCHAIDH—'Nuair bha mi ri ùrnuigh chaidh duine seachad air an taobh a muigh; sheall e a steach air fuinneag mhór na h-eaglaise.

AN T-ABA—Cò b'é? Am b'aithne duibh e?